

Press release Gaidhlig 22.08.22

Immediate Release

Bith John Swinney BPA agus Leas-phrìomh-mhinistear na h-Alba a' tadhal airson fosgladh oifigeil aig Cnoc Soilleir (Ìre 1) air a 1mh latha dhen t-Sultain.

Chaidh Cnoc Soilleir a thogail ann an Uibhist a Deas, far a bheil Gàidhlig gu làidir aig cridhe na coimhearsachd, na àite sònraichte airson Ceòlas Uibhist agus UHI Innse Gall 's iad a' tighinn còmhla ann an dachaigh ùr.

'S e togalach eireachdail a tha ann an Cnoc Soilleir airson ionnsachadh ann an Gàidhlig, cultar, dualchas, ceòl is dannsa, agus àrc-eòlas. Thàinig an togalach beò anns an Iuchar nuair a chruinnich còrr is ceud duine a dh'Uibhist airson seachdain Sgoil Shamhraidh Cheòlais far an d'fhuair iad eòlas air beartas cultar an àite. Bi sinn a nis a' cur fàilte mhòr air na h-oileanaich a tha a' tòiseachadh cùrsaichean anns na seachdainean a tha romhainn.

Tha luchd-tadhail bho air feadh an àite air beachdachadh air cho math sa tha an togalach air a sgeadachadh agus cho àlainn sa tha na seallaidhean a tha ga chuirteachadh. Chaidh piana a thoirt seachad mar thabhartas, a bh' air a dheagh chleachdadh fad an t-samhraidh le luchd-ciùil òga. Bha cuideachd cleasan cultar airson cloinn a' dol air adhart as t-samhradh agus tha seo a' sealltainn gu bheil iartas anns a' choimhearsneachd airson a leithid.

Thuirt Seonaidh MacDhòmhnail, stiùiriche ùr neo-eisimeileach Cnoc Soilleir "'S e am prìomh amas aig Cnoc Soilleir dèanamh cinnteach gum bi Ceòlas agus UHI Innse Gall a' fàs airson 's gum bi Uibhist na àite tarraingeach agus gun neartaich e eaconomaidh na sgìre."

Fhuair Cnoc Soilleir (Ìre 1) taic-maoineachaidh bho Riaghaltas na h-Alba, Comhairle nan Eilean Siar, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Bòrd na Gàidhlig agus tabhartasan bho dhaoine fa leth. Dh'obraich sgiobaidhean togail gu trang fad a' ghlasaidh-sluaigh airson crìoch a chur air an togalach a tha a-nis na ghoireas air leth do dh'Uibhist.

Cha bhiodh Cnoc Soilleir air faighinn chun an ìre seo as àonais obair saor-thoileach agus cuideachadh bhon choimhearsnachd, agus thathar a' toirt fiathachadh dhan a h-uile duine tighinn dhan fhosgladh oifigeil. Thigibh gu Cnoc Soilleir airson 10m, Diardaoin 1mh dhen t-Sultain, agus tha sinn an dòchas gum bi an t-aite loma làn.

End.

For further information contact [catherine@cnocsoilleir.org](mailto:catherine@cnocsoilleir.org)